



# GU DHÙN ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN



# GU DÙN ÈIDEANN

## PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH SEANN DHÙN ÈIDEANN

### NOTAICHEAN AN TIDSEIR

#### Clàr-inse

1. Ro-ràdh
2. Dè tha anns a' bhogsa?
3. A' cleachdadadh nan nithean sa chlas
4. Measadh cunnairt
5. Cùl-fhiosrachadh air Dùn Èideann san 18mh linn
6. Làraich-lin agus goireasan eile
7. Beachdan air gniomhan a bharrachd
8. Curraicealam airson Sàr-mhathais: eòlasan agus builean
9. Àitean-tadhail ann an Dùn Èideann
10. Map de na h-àitean-tadhail
11. Foirm Fios-air-ais

#### Duilleag

- 2  
4  
5  
7  
8  
12  
13  
15  
16  
18  
19



#### Uilleam Brown, Gille-solais

Bhiodh gillean-solais a' giùlan leusan laiste. Dh'fhaodadh tu am pàigheadh airson an t-slighe dhachaigh a dhèanamh soilleir dhut mus robh solais-sràide cumanta. Tha iomradh air gillean-solais a' feitheamh taobh a-muigh thaighean-seinnse agus thaighean-cofaidh còmhla ri fir nan cathraichean sedan 's iad an dòchas gun rachadh am fastadh.

GU DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

# 1 RO-RÀDH

## LÀRAICH DUALCHAS NA CRUINNE

Tha Làraich Dualchas na Cruinne nan làraich chultarail agus/no nàdarra a tha air am meas a bhith 'Air Leth Luachmhor gu Coitcheann', le Comataidh Dualchas na Cruinne.

Thatnar den bheachd gu bheil na h-àitean no togalaichean seo:

- gu sònraichte cudromach don h-uile duine
- nan eisimpleirean sònraichte, no as cudromaiche no as fheàrr de dhualchas cultarail agus/no nàdarra na cruinne

'S e moladh mòr a th' ann an inbhe Dualchas na Cruinne agus tha dleastanasan agus sgrùedadhar eadar-nàiseanta a' tighinn na cois. An-dràsta tha sia Làraich Dualchas na Cruinne ann an Alba. 'S e Seann Bhaile agus Baile Ùr Dhùn Èideann fear dhiubh.



Theatre Royal,  
Shakespeare Square

## SEANN BHAILE AGUS BAILE ÙR DHÙN ÈIDEANN

Tha am baile air a thogail air cruth-tìre annasach de chnuic agus glinn a chaidh a dhèanamh, a rèir cuid, o chionn milleanan de bhliadhna chan le bholcànothan agus clàran-deighe. Tha na feartan sin air fàire shònraichte agus seallaidhean iongantach a chruthachadh a tha air an aithneachadh air feadh an t-saoghail.

Tha caractar sònraichte a' bhaile a' tighinn bhon iom-sgaradh eadar an Seann Bhaile agus am Baile Ùr. Tha mòran thogalaichean eachdraidheil anns gach baile. Tha còrr is 75% de na togalaichean gu lèir ann an Làraich Dualchas na Cruinne comharrachte a thaobh an ailtreachd no an eachdraidh.

Tha pátran sònraichte de chùl-shràidean cumhang ris an canar clobhsaichean no 'wynds' fhathast aig an t-Seann Bhaile meadhan-aoiseach. Chaidh am Baile Ùr a dheilbh ann an 1767 agus 's e an t-eisimpleir as mothà agus as glèidhte de phlanadh-baile linn Deòrsa anns an RA.

Poit-mhùin



GU DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

## BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH GU DÙN ÈIDEANN.

Anns a' chruinneachadh làimhseachaidh seo tha nithean a dh'innseas dhuinn mu bheatha ann an Dùn Èideann ro agus tron 18mh linn. Ach faodaidh na nithean còmhradh a bhrosnachadh air seann Dhùn Èideann san fharsaingeachd - chan fheum thu a bhith a' sgrùdadh an ama seo mar chuspair. Chaith a thaghadh leis gun tainig atharrachadh mòr air Dùn Èideann anns a' cheud bliadhna sin agus innsidh iad sgeulachd Làrach Dualchas na Cruinne gu lèir - an Seann Bhaile agus am Baile Ùr.

'S e nithean àrd-chàileachd a th' annta, mic-samhail agus nithean tùsail, a chaidh a dhealbh airson a' chlas. Tha iad cho faisg 'S a ghabhas air na nithean fior a bhiodh ann an Seann Bhaile agus Baile Ùr Dhùn Èideann aig an àm chudromach seo de atharrachadh ann am priomh bhaile na dùthcha. Thathar an dùil gun tèid an làimhseachadh, an sgrùdadh agus am feuchainn air le oileanaich de gach aois gus ionnsachadh a leasachadh agus tuilleadh cheistean agus rannsachadh a bhrosnachadh. Tha na dealbhan de thogalaichean agus de dhaoine anns a' phasgan a' riochdachadh charactaran agus thogalaichean fior ann an Dùn Èideann san 18mh agus an 19mh linn.

Le bhith a' cleachdadh a' bhogsa-làimhseachaidh curidh tidsearan taic ri ionnsachadh agus teagastg ann an grunn raointean den churraicealam, ach cuideachd, curidh iad ri fein-fhiosrachadh nan sgoilearan ma thadhaileas iad air cuid de na làraich anns an liosta de Àitean-tadhail ann an Dùn Èideann air duilleag 16 de stiùireadh an tidseir. Air duilleag 15 tha iomradh air cuid de na priomh eòlasan agus builean a ghabhas còmhach.

Sa phasgan-teagaisg agus sa bhogsa-làimhseachaidh tha 12 de phriomh nithean. Tha am pasgan seo don tidsear, agus sleath de chairtean-rannsachaidh nithean, a' cur taic ri na nithean agus cuidichidh iad le rannsachadh agus deasbad air na nithean. Tha duilleag-fhiosrachaidh air na nithean ann cuideachd do thidsearan agus do luchd-taic. Tha i a' toirt iomradh air an teacsa agus an fhiosrachadh a tha air gach cairt.



GU DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

## 2 DÈ THA ANNS A' BHOGSA?



An Lawnmarket



1. Brògan  
bhoireannaich



2. Brògan  
fhireannaich



3. Brògan leathair  
(air an tionndadh)



4. Poit-chofaidh



5. Bogsa-tì (Cadaidh)



6. Gearradair-siùcraig  
(Gòmag)



7. Biadh agus  
Còcaireachd



8. Ailbhinn agus  
stàlinn



9. Crochan crios,  
le cèis shnàthadan,  
siosar agus iuchair  
(Chatelaine)



10. Poit-mhùin



11. Poit-chungaидh



12. Glasan-làimhe  
(Geimhlean)

Tha fiosrachadh nas mionaidiche air gach nì ri fhaotainn air cairtean nan nithean anns a' bhogsa-làimhseachaidh agus mar phàirt de phasgan a ghabhas luchdachadh a-nuas.

Tha liosta-dearbhaidh de na nithean gu lèir anns a' bhogsa.

## 3 A' CLEACHDADH NAN NITHEAN SA CHLAS



Tha cairt-tòiseachaidh **Nì Sinn Rannsachadh!** ann do sgoilearan, a tha a' toirt ciad sùil air na nithean agus a' cuideachadh sgoilearan len rannsachadh.

Tha cairt-deasbaid ann do gach nì a tha a' cuideachadh le sgrùdadhl nas mionaidiche agus a' moladh phuingean airson deasbad fhosgailte agus rudan a choimheadas sgoilearan airson. Nuair a tha iad air na gniomhan sin a dhèanamh, faodaidh sgoilearan na cairtean-fiosrachaидh fhaighinn a tha an cois gach nì.

Faodaidh tidsearan na nithean sa chruinneachadh a chleachdadhl ann an dòigh sam bith a tha a' freagairt an amasan ionnsachaidh agus an clas. Gabhaidh an stuth a chleachdadhl le sgoilearan nan aonar, airson rannsachadh agus deasbad ann am buidhnean beaga, no leis a' chlas gu lèir.



### Iain Edmonstone, Tagsaidearmaist

Bidh tagsaidearmaist a' giullachd craicinn bheathaichean agus eòin mharbh agus gan lionadh le stuth sònraichte airson gum bi coltas orra gu bheil iad beò. Bha Iain na thagsaidearmaist sgileil a bha ag obair ann an taigh-tasgaidh ainmh-eòlais Oïlthigh Dhùn Èideann.

GU DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

## Seo beachd air mar a dh'fhaodadh tu seisean a ruith:

- Cuir an clas ann am buidhnean beaga - gun barrachd air ceathrar ann am buidheann.
- Thoir a dhà no trì nithean do gach buidheann airson sgrùdadadh agus deasbad a dhèanamh orra, air neo thoir aon nì do gach buidheann airson sgrùdadadh agus deasbad mhionaideach a dhèanamh.
- Thoir 5-10 mionaidean do gach buidheann airson bruidhinn air na nithean agus/no dealbhan a dhèanamh.
- Faodaidh tu an còmhchradh a stiùireadh le bhith ag iarraidh air a' chlas liosta a dhèanamh do gach nì:

### Na tha iad a' **faicinn/ faireachdann**, mar eisimpleir:

- Dè an cruth a th' air?
- Dè an dath a th' air?
- A bheil pàtrain no sgeadachadh air?
- A bheil e trom no aotrom?
- A bheil e garbh no mìn?
- A bheil fàileadh dheth?

### Na tha iad a' **smaoineachadh**, mar eisimpleir:

- Cò bhiodh ga chleachdadadh?
- Ciamar a tha e ag obrachadh?
- Ciamar a bhiodh e air an cleachdadadh?
- Cò dheth a tha e air a dhèanamh?
- A bheil e briste? A bheil dad a dhìth? Ma tha, ciamar a thachair sin?
- Dè th' ann?

### Na tha iad a' **saoilsinn**. 'S e sin, ceistean sam bith a th' aca fhathast mu nì, mar eisimpleir:

- Cò leis a bha e/Cò bhiodh ga chleachdadadh?
- Dè bhiodh tu a' dèanamh nam biodh tu a' cleachdadadh an nì seo?
- Carson a tha e air a dhèanamh de na stuthan sin?
- Dè th' ann?
- Ciamar a chaidh a dhèanamh?
- Càit an gabhadh a chleachdadadh, san àm a dh'fhalbh agus an-diugh?

- Gun teagamh, bidh ceistean aig na sgoilearan fhèin mu na nithean agus bu chòir seo a bhrosnachadh. 'S dòcha gum biodh e feumail iarraidh air cuideigin na ceistean sin a sgrìobhadh airson gun dèan iad an rannsachadh aca fhèin sa chlas.
- Faodar na nithean a chur timcheall gach buidheann an uair sin.
- An dèidh seo dh'fhaodadh tu deasbad buidhinn a chur air dòigh far an co-roinn na sgoilearan am beachdan, an lorgan agus an smuaintean air na nithean.



Sràid Lodainn



### Anndra Ramsay, Cadaidh

Bha cadaidhean nan teachdairean no nan luchd-iùil air mhàl, agus tric nan Gàidheil le Gàidhlig. Dhèanadh iad seirbheisean diofraichte: luchd-iùil air cuairtean, gilleann-gnothaich, a' glacadh mhèirlich, no searbhanan. Dh'fhaodadh iad òrdugh fhaighinn obair a dhèanamh às leth na comhairle. Bha cadaidhean air an riaghlaidh agus bha an comann fhèin aca airson an riochdachadh. Bha baidsean oifigeil le àireamhan aca.

## 4 MEASADH CUNNAIRT



Thatar a' moladh gun dèan tidsearan measadh cunnairt iad fhèin air na gniomhan làimhseachaidh. Ged nach eil nì sa chruinneachadh a tha gu sònraichte cunnartach, bu chòir moladh do sgoilearan gun làimhsich iad cuid de na nithean gu càramach gus nach goirtich iad iad fhèin no duine eile.

Tha sinn a' moladh gur e inbheach a mhàin a sheallas mar a tha an ailbhinn agus an stàilinn ag obair.

Gus nach tèid na nithean a mhilleadh ma thuiteas iad, iarr air sgoilearan an làimhseachadh os cionn bòrd no brat-ùrlair.

Tha na nithean a leanas tùsail agus bidh feum air càram a bharrachd nuair a thatar ga làimhseachadh.



Bogsa-tì Tùsail (cadaidh)



Poit-chofaidh Thùsail,  
le làmh-chliathaich



Gearradair-siùcraig Tùsail  
(gòmag)



### A' Bh-uas Spalding, Milseanaiche

Bha milseanaiche na chòcaire sgileil aig an robh àrd-chiliù agus àrd-inbhe sa choimhairsnachd. Bha bùth aig a' Bh-uas Spalding anns an Taigh-malaire Rìoghail (Royal Exchange), Seòmraichean a' Bhaile an-diugh. Bhiodh nithean milis (sweetmeats), briosgaidean agus reòiteagan gan reic, cho math ri sgeadachadh snasail do bhùird a bha riatanach don aoigheachd chosgail a bha a' tachairt aig an àm.

GU DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

# 5

## CÙL-FHIOSRACHADH AIR DÙN ÈIDEANN SAN 18MH LINN




**Rabhadh mun t-susbaint:** Tha a' chaibideil seo a' bruidhinn air eachdraidh choloineach Bhreatainn, a' gabhail a-steach ceangal ri fòirneart air daoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean agus a chaill an dualchas. Tha e cudromach mothachadh nach gabhar an-diugh ri cainnt agus ri feallsanachdan gràin-chinnidheach a bha gan cleachdadh san àm a dh'fhalbh. Ged as urrainn foghlam air a' chuspair seo a bhith mì-chofhurtail, thathar gu mòr a' moladh gun tèid àite na h-Alba ann an eachdraidh choloineach Bhreatainn aithneachadh agus gun tèid cur às do ghràin-chinnidh sam bith a tha ann an structaran agus buidhnean an-diugh.

### DÙN ÈIDEANN SAN 18MH LINN

San linn seo, chunnaic Dùn Èideann mòran de na tachartasan a thug cruth air Alba an latha an-diugh, eadar Achd an Aonaidh agus Ar-a-mach nan Seumasach, euchdan an t-Soillseachaidh Albannaich agus togail a' Bhaile Ùir. B' e àm a bh' ann cuideachd nuair a bha an Seann Bhaile a' sìor chrionadh leis gun robh mòran dhaoine a' gluasad gu dachaighean ùra rùmail gu tuath air an Loch a Tuath.

B' ann aig an àm seo a fhuair Dùn Èideann cliù mar 'baile sàr-chomais'. Bha mòran den luchd-sgrìobhaidh, -smaoineachaidh, -ealain, -saidheans, -innleachdaidh agus -aitireachd a b' fheàrr a' fuireach agus ag obair ann an Dùn Èideann ann an linn Deòrsa.



Crois a'  
Mhargaidh

### AONADH NACH ROBH MEASAIL AIG AN T-SLUAGH

Ann an 1707 chaidh Achd an Aonaidh a shoidhneadh ann an Dùn Èideann. Leis an aonta seo thàinig pàrlamaidean na h-Alba agus Shasainn còmhla mar phàrlamaid Bhreatainn. Cha bhiodh a pàrlamaid fhèin aig Alba tuilleadh ann an Dùn Èideann agus bhiodh an dùthaich air a riaghladh à Lunнainn. Fhreagair an t-aonta air mòran de na daoine beairteach, cudromach ann an Alba - chunnaic iad cothrom fàs fiù 's na bu bheairtiche agus na bu chudromaiche. Ach cha robh sluagh cumanta Dhùn Èideann cho toilichte leis. Airson grunn lathaichean bha 'a' ghràisg' ri aimhreit na aghaidh anns na sràidean. Bha eagal ron ghràisg air cuid a chuir an ainm ris an aonta. Mu dheireadh chaidh an t-arm a ghairm a-nuas bhon Chaisteal airson stad a chur air an togail-fianais.

DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN



## SEUMASAICH AIG A' GHEATA

Thàinig ar-a-mach rioghail gu geataichean a' bhaile cuideachd. Bha am Prionnsa Teàrlach Eideard Stiùbhart - am Prionnsa Bòidheach - a' feuchainn ri rìgh-chathair Bhreatann, a chaill an teaghach aige ann an 1688, fhaighinn air ais. An dèidh meàrrsadhbhon Ghàidhealtachd le arm de Sheumasaich, ràinig e Dùn Èideann ann an 1745. Cha d' fhuair na Seumasaich cead tighinn a-steach dhan bhaile ach bhris iad a-steach air a' gheata a bha uaireigin aig Netherbow agus ghlac iad am baile. Chuir seo eagal air mòran de muinntir a' bhaile.

Chaidh Teàrlach a-steach gu Lùchaint Taigh an Ròid agus dh'fhuirich e an sin fhad 's a bha e ann an Dùn Èideann. Fhuair e e fhèin air a ghairm na Thàinistear aig Crois a' Mhargaidh. Bha e ro dhoirbh buaidh fhaighinn air a' Chaisleag agus dh'fhuirich sin fo smachd arm an riaghaltais. Mu dheireadh dh'fhàg Teàrlach agus am feachd aige Dùn Èideann airson ionnsaigh a thoirt air Sasainn.

## BAILE SÀR-CHOMAIS

B' ann mun àm seo a fhuair Dùn Èideann cliù mar 'baile sàr-chomais'; bha mòran den luchd-sgrìobhaidh, -smaoineachaidh, -ealain, -saidheans, -innleachdaidh agus -ailltireachd a b' fheàrr a' fuireach agus ag obair ann an Dùn Èideann ro ammoch sna 1700an. Gu dearbh, bha uimhir dhiubh ann 's gun tuirt aon neachtadhail: "Tha mi nam sheasamh aig Crois a' Mhargaidh agus ann am beagan mhionaidean, 's urrainn dhomh breith air làimh air caogad duine sàr chomasach."

## BAILE ÙR

Nuair a chaill na Seumasaich aig Cùil Lodair, cha robh eagal air Dùn Èideann tuilleadh ro ionnsaighean agus dh'fhaodadh e leudachadh air taobh a-muigh seann bhallachan dòn a' bhaile. Bha am baile air fàs cho dùmhail 's gun robh feum air barrachd rùm airson nan daoine. Chaidh co-dhùnadh gun rachadh 'Baile Ùr' a thogail air taobh thall an Loch a Tuath. Ann an 1767 chaidh farpais a chumail airson am 'Baile Ùr' seo a dhealbhadh. B' e fear òg Seumas Craig a bhuanndach an fharpais le dealbhan de shràidean farsaing, co-chothromaithe. Ann an ùine ghoirid bha an seann Loch a Tuath air a dhrèanadh airson Gàrraidhean Sràid nam Prionnsan a dhèanamh agus thigeadh fàs mòr air Dùn Èideann.

Aig an àm seo bha ailtirean agus dealbhaichean a' siubhal tron Roinn Eòropa a' sireadh bheachdan ùra. Dh'fhàs e fasanta deilbhean bhon Ghrèig agus bhon Eadailt a chleachdad agus tha sin ri fhaicinn anns na togalaichean nuair a choisicheas tu anns a' Bhaile Ùr Dheòrsach.

Fhuair Dùn Èideann an t-ainm 'Àithne a' Chinn a Tuath' air sgàth nan togalaichean mòra agus an deagh luchd-smaoineachaidh a bha a' fuireach an sin. Bha mòran dhiubh nan deagh charaidean agus bhiodh iad a' gabhail biadh agus deoch còmhla - a' co-roinn bheachdan agus a' dèanamh lorgan ùra. B' e àm togarrach a bh' ann ris an can sinn 'An Soillseachadh Albannach'.

## 'AULD REEKIE' (SEANN THOITEACH)

Ach, fhuair Dùn Èideann far-aimm eile aig an àm seo cuideachd a nochd taobh eile den bhaile. B' e fear òg, Raibeart Fearghasdan, fear de na bàird Albais mhòr aig an àm, ged nach eil e an-còmhnaidh a' faighinn aithneachadh. Na bhàrdachd thug e cunntas lèirsinneach air mar a bha e a' faicinn a' bhaile.

B' e an dàn a b' ainmeile aige, 's dòcha, fear a sgrìobh e ann an 1773, air an robh 'Auld Reekie' - a' ciallachadh 'seann thoiteach' - a tha a' dèanamh dealbh soilleir de bheatha sa bhaile. Aig an àm bha an t-iarrtas airson bathar bho thall thairis, mar ti, cofaidh agus siùcar, a' fàs. Bha gniomhachasan ùra mar obair-mheatailt, saorsainneachd agus dèanamh-glainne gan stèidheachadh san t-Seann Bhaile airson taic a chur ri seo. Bha similearan nan giomhachasan ùra seo a' brùchdadadh a-mach toit a bha na ceò dubh, agus bhiodh droch fhàileadh an t-seann bhaile a' cur ris an 'reek'.

## BAILE TRÀILLEACHD

Coltach ri bailtean eile air feadh na RA san 18mh linn, cha tàinig beairteas agus mòralachd Dhùn Èideann gun phris. Aig an àm seo chaidh toirt air milleanan de dhaoine gluasad bho Mheadhan agus taobh Siar Afraga dhan Charibbean ann am malairt Atlantaigeach air tràillean. Ann an sin chaidh an làimhseachadh gu h-an-iochdmhor 's aca ri saorachadh air planntachasan tombaca, siùcair agus cotain. Bha ceanglaichean aig mòran Albannaich - cuid dhiubh a bha an lùib an t-Soillseachaidh Albannaich - ris a' mhalairst seo, agus fhuair iad buannachd às, gu dìreach no gu neo-dhireach. Leis an fhàs obann ann am malairt bathair bhon t-saoghal a-muigh, thàinig fàs air gniomhachasan agus air beairteas. Chaidh seo a thasgadh ann an togalaichean ùra, spaideil, a' gabhail a-steach Baile Ùr Dhùn Èideann.

## CRIONADH AN T-SEANN BHAILE

Phàigh Seann Bhaile Dhùn Èideann gu daor airson an atharrachaidh a bha seo. Chaidh na daoine beairteach a dh'fhuireach air taobh thall srath Waverley ann an dachaighean mòra, spaideil, air falbh bhon t-Seann Bhaile bhreun, dhumhail.

Bha a' phàirt ud den bhaile air fhàgail a-nis aig na daoine bochda. Chaidh na taighean a dholaidh gu math luath. Bhiodh na h-urracha mòra fhathast a' tighinn dhan t-Seann Bhaile a choimhead ris na gniomhachasan aca - agus 's dòcha airson tadhal air na taighean-seinnse agus na seilearan-eisirean feasgar, ach cha bhiodh iad a' fuireach fada. Gu dearbh, cha bhiodh iad ag iarraidh a bhith timcheall nan seann chlobhsaichean aig 10 uairean a dh'oidhche. B' ann an uair sin a bha cead aig luchd-còmhnaidh an t-Seann Bhaile na poitean-mùin aca fhalamhachadh dhan t-sràid, 's iad ag èigeach 'Gardy Loo'. Tha sin a' ciallachadh 'An aire dhan uisge', ach cha b' e uisge a bhiodh a' sileadh air an luchd-coiseachd gu h-iosal - tha sin cinnteach...

Cha robh na tràillean gu lèir ag obair air planntachasan, agus fhuair cuid a bhith nan saor-dhaoine. Bha Malvina Wells na tràill leis an teaghlaich MacRath, aig an robh planntachasan ann an Grenada. Ro 1851 għluais i a Dhùn Èideann agus fhuair i a saorsa. Dh'fhuirich i sa Bhaile Ùr na searbant do theaghlaichean MacRath agus Gördan agus bha a dachaigh fhèin aice airson greis aig 42 Sràid a' Chluarain. Tha i air a tiodhlacadh ann an Cladh Eaglais Easbaigeach Naoimh Eòin, air Sràid nam Prionnsan. A rèir chunntais, 's e seo an aon uaigh ann an Dùn Èideann anns a bheil cuideigin a rugadh nan tràill.

Tha Iain Edmonstone na eisimpleir eile - bha e na thràill ann an Guiana mus d' fhuair e a shaorsa nuair a thàinig e a dh'Alba ann an 1817. Nuair a bha e ann an Guiana dh'ionnsaich e tagsaidearmaidh agus chleachd e an sgil seo nuair a bha e a' fuireach ann an Dùn Èideann. Bha e a' teagascg aig an oilthigh agus fiù 's nach tug e oideachadh do Theàrlach Darwin òg air sgilean tagsaidearmaidh a chleachd e na b' fhaise air adhart air a' bhòidse air a' Bheagle.

Cha robh a h-uile duine a rinn imrich gu Dùn Èideann nan tràillean roimhe. San 18mh linn, bha ìompairreachd Bhreatainn a' sineadh tarsainn na cruinne agus bha lìonrathan malairt air an stèidheachadh eadar na coloinidhean. Ach dh'fhuiling na sluaghan tùsail fòirneart, neo-ionannachd, agus crìonadh nan dualchas agus nam fearann. Thàinig cuid, mar Uilleam Macao, às na coloinidhean gu Breatainn airson obair. Bidh e coltach gun tàinig e à Macau ann an Siona air bòrd bàta-malairt, agus tha e air a chlàradh an toiseach ann an 1777 na shearbhant. Thòisich e na ghille-coise, ach na b' fhaide air adhart bha e na chunntasair aig Oifis na Cìs-bathair ann an Cùirt Chessels. Thàinig e gu bhith na phàirt de chlas proifeiseanta Dhùn Èideann, agus bha e a' fuireach ann an diofar àitean sa Bhaile Ùr agus san t-Seann Bhaile gus an do chaochail e. B' e a' chiad neach à Siona a chaidh a chlàradh mar neach-còmhnaidh maireannach ann an Alba. Tha seo gu sònraichte iongantach leis nach robh cead aig saoranach Siona sam bith an dùthaich fhàgail aig an àm sin.

Eadar ainmean sràidean agus iomhaighean a tha a' comharrachadh dhaoine a bha an lùib malairt thràillean, agus nithean ann an taigheantasgaidh a chaidh a thoirt bho na daoine leis an robh iad, tha fuigheal fiosaigeach ann an-diugh de ìompairreachd, coloineachd, agus malairt Atlantaigeach air tràillean. Tha a' bhuaidh ga faireachdainn an-diugh ann an coimhearsnachdan Afraganach, Caribbeanach agus Àisanach far nach eil aithne cheart ga thoirt 's dòcha don eachdraidh aca, agus far am faod dìth riocdhachaidh, neo-ionannachd agus gràin-cinnidh a bhith ri fhaicinn uaireannan. Tha e cudromach gum bi Alba na dùthaich chothromach, in-ghabhalta, agus gu bheil sinn onorach mun dòigh anns an d' fhuair Alba buannachd aig àm nan coloinidhean, ged a bhiodh páirt dheth gar fàgail mi-chofhurtail.

### Malvina Wells, Maighdeann-coimheid

Bha maighdeann-coimheid na h-àrd-shearbhant ann an dachaigh bheairteach. Bhiodh i a' coimhead ri aodach, gruagaireachd, maise-gnùis agus coltas a bana-mhaighstir. Ri tìde bha a beairteas fhèin aig Malvina agus bha i a' fuireach ann an diofar thaighean sa Bhaile Ùr, 42 Sràid a' Chluarain nam measg.

### LEABHRAICHEAN

*The Scottish Nation: 1700-2000*,  
Tom Devine, 1999

*The Scottish Enlightenment*,  
Arthur Herman, 2001

*Edinburgh: A History of the City*,  
Michael Fry, 2009

*Edinburgh*,  
David Daiches, 1978

*Edinburgh*,  
Allan Massie, 1994

*Horrible Histories - Edinburgh*,  
Terry Deary, 2005

*The Chinese in Britain*  
Barclay Price, 2019

*100 Great Black Britons*  
Patrick Vernon agus  
Dr Angelina Osborne, 2020

*Black and British*  
David Olusoga, 2016

*Recovering Scotland's Slavery Past:  
The Caribbean Connection*  
Tom Devine, 2015



# 6 LÀRAICH-LÌN AGUS GOIREASAN EILE



## ÀRAINNEACHD EACHDRAIDHEIL ALBA

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' tabhann mòran chothroman ionnsachaidh eile do bhuidhnean. Nam measg tha tadhail le taic air priomh làraich, subsadaidhean siubhail do bhuidhnean ionnsachaidh (faic an ceangal gu h-ìosal), goireasan clas agus cothrom tadhail an-asgaidh air làraich, le stuth-taic.

Faigh brosnachadh à eachdraidh agus dualchas na h-Alba  
[inspireme.historicenvironment.scot/](https://www.inspireme.historicenvironment.scot/)

Goireasan teagaisg

[www.historicenvironment.scot/learn/learning-resources/teaching-resources/](https://www.historicenvironment.scot/learn/learning-resources/teaching-resources/)

A' sgrùdadadh dualchas air do starsaich

[www.historicenvironment.scot/archives-and-research/publications/publication/?publicationId=fec471c9-2873-483c-982d-a58600eb58e1](https://www.historicenvironment.scot/archives-and-research/publications/publication/?publicationId=fec471c9-2873-483c-982d-a58600eb58e1)

Fiosrachadh air Làrach Dualchas na Cruinne

[www.historicenvironment.scot/download-world-heritage-site-information](https://www.historicenvironment.scot/download-world-heritage-site-information)

Subsadaidhean siubhail

[www.historicenvironment.scot/learn/free-learning-visits/](https://www.historicenvironment.scot/learn/free-learning-visits/)

A' rannsachadh Pàirc Taigh an Ròid

[www.hes.scot/investigating-holyrood-park](https://www.hes.scot/investigating-holyrood-park)

## DUALCHAS CRUINNEIL DHÙN ÈIDEANN [ewh.org.uk/learning/](https://ewh.org.uk/learning/)

Tha grunn ghoireasan agus ghnìomhan do sgoiltean aig Dualchas Cruinneil Dhùn Èideann a chuireadh taic ri sgrùdadadh sam bith air Seann Bhaile agus Baile Ùr Dhùn Èideann. Tha cothrom orra uile tron làrach-lìn aca. Nam measg tha cuairtean-coiseachd treòraichte do sgoiltean, goireasan clas agus tuilleadh fiosrachaидh air beatha ann an seann Dhùn Èideann.

BBC [www.bbc.co.uk/bitesize/topics/zb22pv4](https://www.bbc.co.uk/bitesize/topics/zb22pv4)

Tha taghadh farsaing, earbsach aig a' BhBC de ghoireasan ionnsachaidh agus stuthan do sgoiltean na h-Alba mu eachdraidh na h-Alba.

# 7 BEACHDAN AIR- SON GHNIOMHAN A BHARRACHD

Seo beachdan airson ghnìomhan a bharrachd a chuireadh ri pròiseact sam bith air seann Dhùn Èideann agus a chuireadh ri cleachdad a' bhogsa-làimhseachaidh.

## CATHRAICHEAN SEDAN

Chaidh an ainmeachadh air baile Sedan san Fhraing far an robh iad air an cleachdad an toiseach. B' e bh' ann an cathair sedan, suidheachan ann an caibin a bha air a chur air dà phòla. Bha e air a ghiùlan le dà 'fhear-cathrach', fear aig an aghaidh agus fear aig a' chùl. Bhiodh an neach-siubhail a' dol a-steach air doras aig an aghaidh. Bha cathraichean sedan measail ann an Dùn Èideann, gu h-àraidh san t-Seann Bhaile far an robh na sràidean ro chumhang do charbadan-eich. Faodaidh tu tadhal air Cùirt Tweeddale far am faic thu eisimpleir tearc de thaigh cathair sedan!

## REASABAIDHEAN EACHDRAIDHEIL

Le brosnachadh bho na reasabaidhean aig a' Bh-uas Niclòmhair nach feuch thu reasabaidh Albannach traidiseanta. Tha reasabaidh aran-milis, mar eisimpleir, furasta a leantainn. Ged a tha beirm san reasabaidh aig a' Bh-uas Niclòmhair, chan eil seo riatanach! Gheibh thu reasabaidh nas fhasa aig [www.bbc.co.uk/food/recipes/shortbread\\_1290](http://www.bbc.co.uk/food/recipes/shortbread_1290)

Dh'haodadh am buidheann reasabaidhean Albannach eile fheuchainn cuideachd, mar aran-coirce, cranachan, no duf ann an clobhd. Tha stiùireadh sìmplidh air mar a nì thu iad ri fhaotainn air diofar làraich-lìn.


large piece of butter in the bottom of a long jug; season it with salt and mixed spices; then pack in as many of the best pieces of the hare as the jug will hold; put in a faggot of sweet herbs, and two or three onions amongst them; take some of the water you washed the hare in, and strain it through a sieve; fill up the jug with it, and tie the mouth of it very close with several folds of paper; put it into a pot of cold water; the water must not come up farther than the neck of the jug, else it will boil into it; when the water boils in, you must put in to keep it of an equal quantity, an old hare, it will take three hours doing; the butter will rise to pour it clean off; take out the onions when you dish it, and sauce over it; be sure to have handles to the bag.

Sa ghnìomh seo tha map de na stansaicheadh aithnichte do chathraichean sedan ann an Dùn Èideann, agus teamplaid leis an dèan agus sgeadaich thu fhèin cathair sedan de chait-bhòrd no pàipear. Tha e air a dheilbh ri phriontadh aig meud A3 agus tha e ri fhaighinn an-asgaidh air làrach-lìn Àrainneachd Eachdraidheil Alba aig

[www.historicenvironment.scot/download-world-heritage-site-information](http://www.historicenvironment.scot/download-world-heritage-site-information)

## SUATHADH UMHA

Cho math ri bogsa-làimhseachaidh 'Gu Dùn Èideann', faodaidh tu gniomh suathadh umha fhaighinn air iasad, airson na diofaran eadar plana-sràide Seann Bhaile agus Baile Ùr Dhùn Èideann a shealltann. Tha seo a' dol gu math leis na gniomhan mapa air d 14. Innis gu bheil thu ag iarraidh a' ghnìomh a bharrachd seo, a tha a rèir faotainneachd, nuair a tha thu a' gleidheadh bogsa-làimhseachaidh 'Gu Dùn Èideann'.



Map den t-Seann Bhaile agus den Bhaile Ùr, ann an 1787. Le cead bho Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

## COIMEAS AIR MAPAICHEAN

Le seann mhapaichean de Dhùn Èideann gabhaidh rannsachadh inntinneach a dhèanamh air mar a dh'atharraich seann Dhùn Èideann thar nam bliadhna chan. 'S e aon dòigh fhurasta air a dhèanamh, dealbhan a luchdachadh a-nuas de sheann mhapaichean den bhaile mus deach am Baile Ùr a thogail agus às a dhèidh.

Seo deagh mhapaichean don ghnìomh:

- Map Uilleim Edgar de Dhùn Èideann, 1765
- Plana Sheumais Craig don Bhaile Ùr, 1768
- Map Sheumais Kay de Dhùn Èideann, 1836

Dh'fhaodadh am buidheann coimeas a dhèanamh an uair sin eadar iad sin agus mapa ùr do luchd-turais. Dè na h-atharraichean a chì iad? Dè tha fhathast mar a bha e? Dè na h-àitean a lorgas iad agus a dh'ainmicheas iad?

Tha barrachd fiosrachaидh, agus gniomhan a tha a' cleachdadh mhapaichean airson Dùn Èideann a rannsachadh, rim faighinn am measg nan deagh ghoireasan air-loidhne aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba - [maps.nls.uk](http://maps.nls.uk)



### Emma Mhoireach, bean-taighe

Bha a' Bh-uas Mhoireach na bean-taighe air na Seòmraichean Cruinneachaidh. Bha glanadh an togalaich an urra rithe agus bha i na manaidsear air tachartasan. Bha cùmhnant solarachaидh aice do thachartasan san togalach, agus dhèanadh i cuairtean treòraichte le pàigheadh. Ann an 1788 sgriobh i don chomhairle, a bha ga fastadh, agus dh'iarr i àrdachadh £20 sa bhliadhna air an tuarastal aice. Thuit i gun robh aice ri cuideigin fhastadh airson a cuideachadh anns na bàraichean tì agus negus (fion teth agus uisge).

GU  
DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

## 8

## EÒLASAN AGUS BUILEAN A' CHURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS

Tha sgrùdadadh air na nithean sa bhogsa a' toirt mòran chothroman air eòlasan ionnsachaidh agus coileanadh bhuilean tarsainn a' churraicealam. Gu cinnteach bheireadh e cothrom air gnìomhan leasachaidh, mar eisimpleir ann an dràma, ceòl, litearrachd agus sláinte agus sunnd, cho math ri builean follaiseach ann an eòlas sòisealta.

Bidh na priomh bhuilean ionnsachaidh an lùib obair air na nithean ann an Eòlas Sòisealta: Daoine, tachartasan agus coimhlearsnachdan san àm a dh'fhalbh. Ged a tha sinn air an cur a-mach aig ìre 2, tha sùbailteachd ann builean a choileanadh aig ìre nas àirde no nas isle. Cuiridh tadhail air làrach bhuntainneach ann an Dùn Èideann doimhneachd ri na h-eòlasan ionnsachaidh. Tha liosta àitean air am faodadh sibh tadhail air duilleag 15.



### PRÌOMH EÒLASAN AGUS BUILEAN ANN AN EÒLAS SÒISEALTA

- 'S urrainn dhomh fianais eachdraidheil a mhìneachadh bho dhiogfar amannan, airson mo chuideachadh a' faighinn dealbh cheart de dhualchas na h-Alba agus den òrdugh anns an do thachair rudan.

#### SOC 2-02a

- 'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a-mach mar a tha tachartasan àraidih no obair dhaoine no bhuidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhlearsnachd na h-Alba.

#### SOC 2-03a

- 'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar dòigh-beatha an t-sluagh san àm a dh'fhalbh agus na mo latha fhin, agus pàirt a ghabhail ann an còmhchradh air na dòighean sa bheil iad coltach agus aocoltach ri chèile.

#### SOC 2-04a



### Wilhelmina, Ban-iarla Liobhann

Nuair a chaithd am Baile Ùr a thogail b' e a' Bhan-iarla tè de na boireannaich a bu bheairtiche ann an Dùn Èideann, oir b' i banstrach 5mh Iarla Liobhann. Bha i na seann bhoireannach anns na h-80an nuair a thàinig i a dh'fhuireach ann am fear de na taighean ùra ann an Ceàrnag Naoimh Anndra, faisg air a nighinn, Ban-iarla Easg a Tuath.

GU DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

# 9 ÀITEAN-TADHAIL ANN AN DÙN ÈIDEANN

Seo grunnan bheachdan air àitean ann an sgìre Lèrach Dualchas na Cruinne a fhreagradh gu math air cleachdad a' bhogsa-làimhseachaidh agus sgrùdad a' bhogsa-làimhseachaidh air seann Dhùn Èideann.

## CAISTEAL DHÙN ÈIDEANN

Tha prògram ann de thadhal le taic agus le fèin-stiùireadh, agus 's dòcha subsadaidh siubhail do bhuidhnean ionnsachaidh.

[www.historicenvironment.scot/learn/free-learning-visits/](http://www.historicenvironment.scot/learn/free-learning-visits/)

## TIR GHЛАДSTONE

Tadhail air taigh neach-malairt san 17mh linn, fear de na togalaichean as sine air a' Mhile Rìoghail.

[www.nts.org.uk/visit/places/gladstones-land](http://www.nts.org.uk/visit/places/gladstones-land)



## Susanna Niclomhair, Tidsear Sgoil Còcaireachd

Bha Susanna a' ruith sgoil chòcaireachd do nigheanan agus do mhnathan den mheadhan-chlas, a' teagasc nan sgilean bunaiteach a bha a dhìth. Dh'fhoillsich i leabhar reasabaidhean, 'Cookery and Pastry', cuideachd. Chaidh an t-uabhas dheth a reic, bha trì deasachaidhean ann dheth, agus tha e fhathast ri fhaotainn.



## CÙIRT RIDDLE

Togalach eachdraidheil san t-Seann Bhaile a tha a-nis a' tairgsinn tadhal le taic do sgoiltean.

[www.riddlecourt.org.uk/learning-the-patrick-geddes-centre/](http://www.riddlecourt.org.uk/learning-the-patrick-geddes-centre/)

## TAIGHEAN-TASGAIDH AGUS GAILEARADHEAN DHÙN ÈIDEANN

Tha ceithir taighean-tasgaidh ionadail san t-Seann Bhaile as fhiach tadhal air ma tha thu a' rannsachadh mar a bha beatha ann an Seann Dhùn Èideann -

- Taigh-tasgaidh nan Sgriobhaichean
- Taigh-tasgaidh na Leanabachd
- Taigh-tasgaidh Dhùn Èideann
- Taigh-tasgaidh Sgeulachdan nan Daoine

Faigh fiosrachadh air tadhal air na h-àitean seo aig:

[www.edinburghmuseums.org.uk/engage/schools-and-learning](http://www.edinburghmuseums.org.uk/engage/schools-and-learning)

### **Uilleam Macao, Cunntasair**

Thòisich Uilleam na neach-taic do Shearbhantan Fireann aig Bòrd na Cìs-bathair ann an 1781. Bha Bòrd na Cìs-bathair ann an Dùn Èideann os cionn chìsean air feadh Alba. Bha cìs air lionn, alcol, coinnlean, leathar, siabann, pàipear, stalc, tì, cofaidh agus seòclaid. Ann an 1800, chaidh Uilleam na chunntasair an sin. Nuair a leig e dheth a dhreuchd b' e cunntasair Maoin nam Peinnseanan.



### **TAIGH-TASGAIDH NÀISEANTA NA H-ALBA**

San Taigh-tasgaidh Nàiseanta tha cruinneachadh prìseil de nithean a tha ag innse sgeulachd Dhùn Èideann agus na h-Alba bho na lathaichean as tràithe chun an latha an-diugh. Tha iad a' ruith prògram slàn de ghnìomhan ionnsachaidh agus a' tairgsinn grunn goireasan:

[www.nms.ac.uk/schools/](http://www.nms.ac.uk/schools/)

### **LÙCHAIRT TAIGH AN RÒID**

Tha an Lùchairt a' tairgsinn bhùthan-obrach eadar-ghniomhach, cuairtean, gniomhan ionnsachaidh agus goireasan do sgoilearan na sgoil-àraich, na bun-sgoile, agus na h-àrd-sgoile.

[www.rct.uk/visit/palace-of-holyroodhouse](http://www.rct.uk/visit/palace-of-holyroodhouse)

### **GAILEARAIDH PORTRAIT NÀISEANTA NA H-ALBA**

Tha e ann am Baile Ùr Dhùn Èideann, agus tha an sàr chruinneachadh anns a' Ghailearaidh Phortraid ag innse mu bheatha mòran de na caractaran cudromach aig an robh pàirt ann an eachdraidh Dhùn Èideann, a bha tric buaireasach. Tha prògram de ghnìomhan ionnsachaidh agus goireasan acasan cuideachd.

[www.nationalgalleries.org/visit/scottish-national-portrait-gallery](http://www.nationalgalleries.org/visit/scottish-national-portrait-gallery)

### **TAIGH DEÒRSACH**

Faic mar a bha càch beò ann am mòralachd a' Bhaile Ùir ann an Ceàrnag Charlotte.

[www.nts.org.uk/visit/places/georgian-house](http://www.nts.org.uk/visit/places/georgian-house)

Chatelaine




GU DÙN  
ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

# 10 MAP DE 10 ÀITEAN-TADHAIL



Ceàrnag Naoimh Anndra



Cùrt Chessel

GU DÙN ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN



# 11 FOIRM FIOS-AIR-AIS



Tha sinn a' cur fàilte air fios-air-ais mu phàirt sam bith de bhith a' cleachdadh a' bhogsa-làimhseachaidh seo. Lìon am foirm agus till e an cois a' bhogsa no cuir fios thugainn aig [heshandlingbox@HES.scot](mailto:heshandlingbox@HES.scot)

Tha rùm fo chuid de na ceistean airson beachdan a bharrachd.

## GLEIDHEADH

- 1. Dè cho furasta 's a bha e am bogsa a ghleidheadh?** Cuir searcall mu aonan

Gu math furasta      Furasta      Cha robh e furasta

## D' ULLACHADH

- 2. An robh notaichean an tidseir feumail dhut?** Cuir searcall mu aonan

Bha      Cha robh

- 3. Dè na h-earrannan a b' fheumaile dhut?**
- 
- 
- 
- 

- 4. An robh thu misneachail gum b' aithne dhut mar a chleachdad  
tu na stuthan an dèidh dhut na notaichean a leughadh?** Cuir searcall mu aonan

Bha      Cha robh

A' leantainn air d20

## ANNS A' CHLAS

### 5. Dè an clas leis an robh thu ag obair?

### 6. Ciamar a chleachd thu am bogsa? Cuir cearcall mu gach dòigh a chleachd thu.

- An clas gu lèir, fo stiùireadh an tidseir       Buidhnean beaga, ag obair air an ceann fhèin  
 Buidhnean beaga, fo stiùireadh an tidseir       Dòigh eile - thoir beachd

### 7. Ma chleachd thu cairtean-sgrùdaidh nan nithean, dè cho furasta 's a bha e an cleachdad?

---

---

---

---

### 8. Ma rinn thu na gniomhan leasachaiddh, dè an fheadhainn a rinn thu agus dè cho furasta 's a bha iad?

---

---

---

---

### 9. An do chòrd e ri na sgoilearan na nithean a chleachdad?

Dè an fheadhainn a b' fheàrr leotha no nach b' fheàrr leotha?

---

---

---

---

### 10. Ciamar a fhuair thu a-mach mu ghoireas Gu Dùn Èideann?

---

---

---

---



# GU DÙN ÈIDEANN

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL  
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH  
SEANN DHÙN ÈIDEANN

OGL

© Historic Environment Scotland 2023

Tha cead agad am fiosrachadh seo a chleachdadh a-rithist (ach na suaicheantais agus na dealbhan) gun chosgais agus ann an riochd sam bith, fo chumhachan Ceadachd Riaghladh Fosgailte v3.0, ach far a bheil an caochladh ga innse..

Faic a' cheadachd seo aig <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/> air neo sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, air neo cuir post -d gu: [psi@nationalarchives.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gov.uk)

Far a bheil fiosrachadh fo dlighe-sgrìobhaidh treas partaidh ga chomharrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bhon fheadhainn dham buin an dlighe-sgrìobhaidh.

Bu chòir ceistean sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig:

Historic Environment Scotland  
Longmore House  
Salisbury Place  
Edinburgh  
EH9 1SH

+44 (0) 131 668 8600

[www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

Gheibh thu am foillseachadh seo bhon làrach-lin againn aig  
[hes.scot/Go-Auld-Reekie](http://hes.scot/Go-Auld-Reekie)